



## Plana Nàiseanta na Gàidhlig Co-chomhairle Poblach Freagairtean

Ged a tha sinn a' cur fàilte air na tha anns an amharc aig a' Phlana, tha an structar agus cànan biurocratach a' cur dragh oirnn. Tha e doirbh a bhith a' faicinn gu soilleir ciamar a bhios am Plana gar cuideachadh ann am Meadhan Earra Ghàidheal agus Cinntìre. Chan eil na ceistean a thug am Bòrd dhuinn cuideachail idir oir chan eil sinn ag aithneachadh an t-Saoghail Ghàidhlig a tha anns a' Phlana!

1) Anns an fharsaingeachd, tha sinn a' lorg an fhacail “promote” no “mothachadh” gu ìre mhath 50 tursan, ach chan eil am Plana ag radh ciamar a bhios seo a' tachairt no ciamar a bhios seo air a thomhas.

2) Tha e a' cur dragh oirnn gu bheil 19 buidhnean Gàidhlig air ainmeachadh anns a' Ghlosaraidh, agus corr as 50 “prìomh bhuidhnean” anns a' Phlana. Smaonich sinn nuair a bhiodh Bòrd na Gàidhlig air a stèidheachadh gum biodh rudan nas simplidhe ann an t-saoghal Ghàidhlig, agus chan eil sinn a' tuigsinn ciamar a bhios na buidhean seo ag obrachadh ri cheile. Chan eil e furasda.  
m.e.

Ann an Earra Ghaidheal, bha “Co-Ronnan Gàidlig” air an stèidheachadh fo Roinn Shrath Cluaidh. Thòisich iad gu math, ach chan eil sinn a' smaoinichadh gun robh ùidh mòr aig Comhairle Earra Ghàidheal agus Bhòid annta agus air a' cheann thall, ann am Meadhan Earra Ghàidheal, cha robh ach buill den Comunn Gaidhealach an sàs innte.

3) Nuair a tha sinn a' leughadh a' Phlana, ar leinn gu bheil e freagarrach far a bheil cuid math de luchd-labhairt agus e a' toirt mòran taic dhaibh. Càit a bheil na h-àitean sin? Ann an Inbhir Nis? Ann an Dùn Eideann? Ann an Steòrnabhagh? Chan eil iad ann an Earra Ghàidheal, gu h-àraid Meadhan Earra Ghàidheal! Chan eil sinn a' smaoinichadh gu bheil iad anns na Crichean nas mò.

Mar sin, chan eil na roinntean seo feumail dhuinn:

**Spionnaidh:** Dachaigh; Coimhearsnachd; Aite Obrach

**Inbhe:** Seasamh; Taic

**Foghlaim:** Foghlaim tro mheadhann na Gàidhlig

\*\*\*\*\*

4) Tha sinn a' cur fàilte air na ceumannan seo a ghabhas cur an gnìomh:

- a) **Planaichean Gaidhlig aig Ughdarrasan Poblach:** Tha seo fìor chudthromach., ach feumaidh na planachain a bhith soilleir, le amas cinnteach, gnìomhach agus làidir. Tha e tàmailteach gun do chuir Comhairle Earra Ghàidheal agus Bhòid as don fho-chomataidh Ghàidhlig a chleachd a bhith aca. Air an adhbhar sin, tha sinn a' smaoinichadh nach eil na tha a' Chomhairle a' dèanamh co-ionann anns gach àite. m.e. Tha againn soidhneachan dà-chànanach air a h-uile oifis den Chomhairle, ach glè bheag dhiubh air na sgoiltean
- b) **Soidhichean Gaidhlig:** Cha tèid aig comharradhaidhean agus sananan ann an Gaidhlig leotha fhèin an cànan a shàbhaladh. Ach tha iad cudthromach ann a bhith a' togail inbhe na Gàidhlig agus a' toirt misneachd do luchd na Gàidhlig (agus luchd- turais) gu bheil ar cànan agus ar cultar a' faighinn àite on mhòr-shluagh agus o buidhnean.
- c) **Leudachadh foghlam Gàidhlig:** Tha seo na bhun-stèidh, ach cha dean math dhuinn taic a thoirt do Fhoghlam tro Mheadhann na Gàidhlig a-mhàin. Gu ruige 1974, bha neach-teagaisg Gàidhlig ann an Ard Sgoil Ceann Loch Gilb. Bhon uair sin, chan eil neach-teagaisg air a bhith

ann ann Meadhan Earra Gàidheal no ann an Ceanntìre, saor o bhliadhna far an robh neach-teagaisg anns na bun-sgoiltean-ginealach gus cothrom a thoirt Gàidhlig ionnsachadh, ged a tha againn fhathast còisirean na h-òigridh, dà chòisir inbheach agus sgoilearean aig a bheil ùidh sa Ghaidhlig.

Chan eil sinn a' faicinn mòran buannachd anns an sgeama GLPS, agus, ma bha e soirbheachdail, chan eil leudachadh air an obair as deidh na bun sgoil.

Chan eil sinn a' tuigsinn carson a tha aonadan Gàidhlig air fosgladh ann àitean mar Forfar, far nach robh dualchas Gàidhlig ann nuair a tha gainnead luchd-teagaisg Gàidhlig ann. Tha Plana Nàiseanta feumail airson an dà chuid GME agus Gàidhlig mar darna cànan.

Tha am Plana cuideachd feumail airson cursaichean leantainneach airson inbheach ann sgìrean iomallach. Ann an sgìre seo, tha Colaisde Earra-Ghàidheal agus Ionad Calum Chille againn, ach tha e doirbh clasaichean Gàidhlig fhaighinn, gu h-àraid le neach-teagaisg proifeiseanta.

**5)Cultur:** Bu mhath leinn taic a thoirt do ghniomhasan culturach, oir tha sinn a' creidsinn gu bheil sin fìor chudthromach ann an Earra Ghàidheal, ach chan eil e soilleir dè dìreach a bhios am plana a' dèanamh

**6)Conaltradh:** Bitheadh sinn toilichte nam biodh tuilleadh Gàidhlig anns na paipearan-naidheachd. Cha do bheachdaich sinn air TBh no Eadar-Ghniomhachd, ged a tha e cur dragh oirnn gu bheil obair nam Meadhannan a' tarraing tuilleadh agus tuilleadh de dhaoine òga a dh'fhaodadh a bhith a' teagasg Gàidhlig, agus tha TBh gu h-àraid gu math cosgail.

*Gu h-aithghearr*

Tha trì ceistean againn:

1) 'Se am prìomh amas a bu chòir a bhith aig Plana sam bith gum biodh barrachd dhaoine air a' cheann mu dheireadh a'bruidhinn na Gàidhlig agus ga cleachdadh gu nadarra.

An dèan am Plana seo ann am Meadhann Earra Ghàidheal agus Cinntìre?

2) Tha ann am Meadhan Earra Ghàidheal agus Cinntìre faisg air 80 buill den Comunn Gàidhealach. Bidh buidhnean beaga, saor-thoileach, ag obrachadh bliadhna as dèidh bliadhna airson an lasair Ghàidhlig a chumail beo, tro cèilidhean, còisirean, Mòd Dhàl Riata le beagan taic oifigeil. Ach chan eil Gàidhlig fhileanta aig mòran dhaoine aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig.

Am bi am Plana 'na meadhan air daoine a tha air an iomall a thoirt a-steach don mheadhan?

3) Ciamar as urrainn do cho-ionannachd a bhith aig a' Ghàidhlig ris a' Bheurla nuair nach eil an Achd a' toirt inbhe laghail seachad?

Ruaraidh MacLeòid (neach-charaiche)

John Y Murray (runaire)

09 11 06